

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

G

Total

--

1220/402

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2010

DIARDAOIN, 20 CÈITEAN
9.55 AM – 10.35 AM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Leughadh

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Leugh gach earrann gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.

Tha Pàirt 1 agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.

Tha Pàirt 2 agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.



EARRANN

Pàirt 1

Trom-laighe Eilidh

Dhùisg Eilidh na clisgeadh mu mheadhan-oidhche. Bha i na fallas agus bha eagal a beatha oirre.

“A Mhamaidh, a Mhamaidh!” dh’èigh i, a’ suidhe suas dìreach na leabaidh agus i a’ geur-amharc dhan dorchadas mar gun robh i air taibhse fhaicinn. Ruith a màthair na deann a-steach dhan rùm aig Eilidh is i a’ smaoinichadh gu robh an taigh na theine no rudeigin. Ach cho luath ’s a chuir i air an solas agus a chunnaic i aodann a nighinn bha fios aice dè bha ceàrr.

“Tha e ceart gu leòr a-nis a ghràidh,” thuirt i. “An e droch aisling a bh’ ann a-rithist?”

“S e,” thuirt Eilidh, is i a’ tighinn thuice fhèin beagan, “ach bha an tè seo tòrr na bu mhiosa na an fheadhainn eile a chunnaic mi. Bha coltas cho fìrinneach is cho nàdarra oirre.”

Bha Eilidh ’s an teaghlach aice air gluasad o chionn beagan mhìosan à Glaschu a dh’fhuireach ann am baile beag ann an Siorrachd Rois agus bha seo air Eilidh a chur caran troimh-chèile. ’S e nighean chàirdeil a bh’ ann an Eilidh, agus bu mhath leatha daoine a bhith mun cuairt oirre fad na h-ùine. Bha i ag ionndrainn nan caraidean a bha aice aig an taigh agus cha do chòrd e rithe a bhith a’ fuireach air an dùthaich – càil ach craobhan is crodh is caoraich cho fad ’s a chitheadh tu!

An toiseach shaoil Eilidh gun robh a h-athair is a màthair glè thuigseach mu dheidhinn an trom-laighe aice. Ach, o chionn greiseag a-nis smaoinich i gun robh iad a’ fàs car mi-fhoighidneach rithe.

“Cò mu dheidhinn a bha an aisling?” dh’fhaighnich Mamaidh is i a’ coimhead iomagaineach.

“Duine. Gam ruith tro choille dhùmhaile, dhorcha. Uill, chan e duine dha-rìribh ach . . . rudeigin. Rud ann an dreach duine, le aodann geal is coltas olc air. Bha e uabhasach!”

Bha fios aig Mamaidh a-nis dè bha ceàrr. “Nach tuirt mi riut gun robh thu gòrach a bhith a’ coimhead air filmichean uabhasach cho anmoch air an oidhche! Bruidhnidh mi ri Fiona, màthair Raibeirt agus Ceitidh, is cuiridh sinn stad air an dol-a-mach a tha seo.”

Comharraidhean

CEISTEAN

1. Dè bha ceàrr air Eilidh nuair a dhùisg i?

2

2. Ciamar a thàinig màthair Eilidh a-steach dhan rùm?

na cabhaig	
air a socair	
gu sàmhach	

1

3. Cuin a thuig màthair Eilidh dè bha ceàrr oirre?

2

4. Ciamar a bha an aisling a dhùisg Eilidh diofraichte ris an fheadhainn eile a bh' aice?

3

5. Dè an t-àite ùr don deach Eilidh agus a teaghlach?

2

6. Ciamar a bha Eilidh a' faireachdainn mun ghluasad?

1

7. Dè tha a' sealltainn gur e nighean chàirdeil a bh' ann an Eilidh?

2

[Tha ceist 8, 9 agus 10 air duilleag a ceithir]

Comharraidhean

8. Innis dè nach robh a' còrdadh ri Eilidh mun dùthaich.

3

9. Ann an aisling Eilidh, càite an robh an duine ga leantainn?

2

10. Dè, ann am beachd a màthar, a bu chuireach do bhruadaran Eilidh?

2

(20)

[Tha Pàirt 2 air duilleagan 5, 6 agus 7

Pàirt 2

Latha no dhà an dèidh sin bha Eilidh air an trom-laighe a bh' oirre a dhìochuimhneachadh. Bha i toilichte a bhith a' dol a-mach cuairt anns a' chàr còmhla ri a màthair, Fiona agus a caraidean. Cha robh i uabhasach dèidheil air coiseachd agus, leis an fhìrinn innse, b' fheàrr leatha a bhith a' dol timcheall nam bùithtean sa bhaile. Dh'fhàg iad am baile agus ghabh iad suas an leathad a dh'ionnsaigh nan cnoc 's nan coilltean. Bhruidhinn Eilidh ri a caraidean ann an cùl a' chàir fhad 's a bha an dithis bhoireannach a' seachas anns na suidheachain toisich. Ach dh'fhairich i gaoir a' dol tro a feòil nuair a ghlac i pàirt den chòmhradh a bha eadar a màthair is Fiona. Chuala i Fiona ag ràdh, "shaoilinn gum biodh e math Coille Ghlinn Ùir a shealltainn dhuibh, mura robh sibh ann roimhe. Cha robh? Uill, 's e àite neònach a th' ann. Tha Raibeart is Ceitidh fìor dhèidheil air. Tha tòrr sgeulachdan aig seann daoine an àite mu dheidhinn. Taibhsean is rudan mar sin. 'S iongantach na rudan a bha iad a' creidsinn sna seann làithean, nach iongantach?"

Dh'fhàs na faireachdainnean aig Eilidh na bu làidire an uair a ràinig iad an t-àite far an robh iad a' dol a ghabhail cuairt. Dh'fhalbh Eilidh agus a caraidean leotha fhèin.

"Mur eil mi air mo mhealladh," thuirt Eilidh rithe fhèin, "'s e seo an dearbh àite a bha anns an aisling agam!"

Sheall i air aodainn a dithis charaidean. Bha iad a' coimhead oirre. Cha robh i fhathast cho eòlach orra 's gum b' urrainn dhi sealltainn dhaibh gun robh eagal oirre a thaobh taibhsean is rudan leanabail mar sin. 'S ann gu math iomagaineach a chaidh i còmhla riutha a-steach dhan choille.

Mionaid às dèidh sin, chuala a' chlann sporghail air choireigin agus rudeigin a' snotradh am measg nan craobhan beagan air an cùlaibh. An e fiadh a bh' ann, no beathach eile, no duine 's dòcha? An uair sin, nochd e tro na duilleagan. Leig Eilidh sgreuch aiste. Ghabh a' chlann grèim air a chèile. Cha b' urrainn dhaibh gluasad. Chunnaic iad gur e duine a bh' ann – fear mòr le feusag dhubh air is e a' ruith dhan ionnsaigh.

CEISTEAN

1. Càite an robh Eilidh agus a caraidean a' dol?

1

2. Dè a b' fheàrr le Eilidh bhith air a dhèanamh?

2

Comharraidhean

3. Càite an deach iad nuair a dh'fhàg iad am baile?

2

4. Ciamar a bha Eilidh a' faireachdainn nuair a chuala i dè thuirt a màthair agus Fiona?

1

5. (a) Cò aige bhiodh sgeulachdan mun choille?

2

(b) Dè an seòrsa sgeulachdan a bh' annta?

1

6. (a) Cuin a dh'fhàs Eilidh na bu mhì-chomhartaile?

2

(b) Carson a bha sin?

2

7. Dè a b' adhbhar nach robh Eilidh airson gum faiceadh a caraidean an t-eagal a bha oirre.

1

[Tha ceist 8 air duilleag a seachd

Comharraidhean

8. (a) Dè thachair an uair sin a chuir eagal air a' chloinn uile?

3

(b) Dè a' bhuaidh a bh' aig seo orra?

3
(20)
[40]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

G

Total
Mark

--

1220/406

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2010

DIARDAOIN, 20 CÈITEAN
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Èisteachd (Ceistean)

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tha dà earrann anns an deuchainn.

Earrann A

Èist ris an earrainn.

Leugh na ceistean.

Cluinnidh tu an earrann a-rithist, ann an dà phàirt, agus na ceistean airson gach pàirt.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Earrann B

Cluinnidh tu an earrann dà thuras.

Èist gu faiceallach.

Leugh na ceistean.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmair na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



CEISTEAN

Earrann A

Pàirt I

1. (a) Dè an linn ris a bheil an taisbeanadh seo a' buntainn?

an t-seachdamh linn deug	
an t-ochdamh linn deug	
an naoidheamh linn deug	

1

- (b) Cia mheud neach a bha san sgìre an uair sin?

1

- (c) Cò bhitheadh a' sabaid anns an linn sin?

2

2. (a) Dè tha ri fhaicinn faisg air an taigh-tasgaidh?

1

- (b) Dè bha anns an rud sin o chionn fhada?

1

3. Dè bhitheadh daoine ag ithe aig an àm sin?

3

4. (a) Dè tha air a ràdh mu bheatha nan daoine?

1

(b) Carson a bha mòran a' bàsachadh?

2

Pàirt II

5. Dè an rud a thug buaidh air Ceann an Inbhir?

1

6. (a) Carson a bha an sluagh gann de fhearann?

chaidh a ghoid bhuapa	
bha barrachd dhaoine ann	
bha an ceann-feadhna ga chleachdadh	

1

(b) Dè a' bhuidhe a bha aig a seo?

1

7. Càite an robh mòran Ghàidheil a' dol?

1

8. Dè chithear anns an taisbeanadh seo?

2

9. Cò bhitheas a' tighinn gu Ceann an Inbhir?

1

(19)

[Tionndaidh an duilleag

Earrann B

1. Dè tha an treas taisbeanadh a' sealltainn?

2

2. (a) Dè an t-atharrachadh as motha a tha air tighinn?

2

(b) Dè tha a' dearbhadh seo?

2

3. Ciamar a tha obair san sgìre air atharrachadh?

2

4. (a) Dè an gnìomhachas as motha a tha san sgìre?

1

(b) Dè am feum a tha an gnìomhachas a' dèanamh don sgìre?

2

(c) Cuin a bhios luchd-turais a' tighinn don sgìre?

1

(d) Carson a bhios an luchd-turais a' tighinn?

2

5. Dè tha a' tachairt do àireamh an t-sluaigh?

1

6. Carson a tha barrachd den òigridh a' fuireach san sgìre?

2

7. (a) Dè an staid sa bheil a' Ghàidhlig san sgìre san latha an-diugh?

2

(b) Dè na rudan a tha a' toirt barrachd inbhe don chànan?

2

(21)

[40]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

1220/407

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2010

DIARDAOIN, 20 CÈITEAN
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Èisteachd (Earrann)

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage below should be read in approximately 2½ minutes.)

EARRANN A

Ann an *Taigh-tasgaidh Ceann an Inbhir*, tha cothrom aig luchd-tadhail èisteachd ri fiosrachadh mu thaisbeanaidhean eachdraidh na sgìre. Seo na chluinneas neach aig cuid de na taisbeanaidhean:

Pàirt I

Tha an taisbeanadh seo a' coimhead air beatha ann an Ceann an Inbhir san t-seachdamh linn deug. Bha faisg air sia mìle neach a' fuireach san sgìre anns an linn sin an coimeas ris a' chòig cheud a tha ann san latha an-diugh. 'S ann le Clann MhicLèoid a bha am fearann ged a bha na Caimbeulaich tric a' stri riutha. Nuair a thàinig thu a-steach an-diugh, 's dòcha gum faca tu an tobhta a tha làimh ris an taigh-tasgaidh. Bha i uair na caisteal agus na dachaigh do cheann-feadhna Clann MhicLèoid. 'S iomadh sabaid a ghabh àite timcheall air a' chaisteal sin.

Anns an t-seachdamh linn deug, bha muinntir na sgìre seo a' tighinn beò air na chuireadh iad san talamh, air an cuid bheathaichean 's air an iasg a ghlacadh iad. 'S e beatha chruaidh a bha aca agus bha an ìre bàis am measg an t-sluaigh glè àrd air sgàth gainnead bidh agus galairean marbhtach.

Pàirt II

Tha an dàrna taisbeanadh a tha seo a' sealltainn mar a thug na fuadaichean san naoidheamh linn deug buaidh air Ceann an Inbhir. Bha àireamh-sluaigh na sgìre air dùblachadh ann am beagan 's ceud bliadhna agus, dh'fheumadh am fearann a bhith air a roinn eadar barrachd 's barrachd dhaoine. Mar sin, bhiodh biadh gann a h-uile geamhradh.

Mu 1850, chualas naidheachd gun robh na mìltean ann an sgìrean eile den Ghàidhealtachd a' dol gu Ameireagaidh a Tuath a dh'fheuchainn ri beatha na b' fheàrr fhaighinn ann. Bha cuideachadh-airgid air a thoirt dhan t-sluaigh a bha deònach falbh. Anns an taisbeanadh seo, chì thu clàr le ainmean nan daoine a dh'fhalbh aig an àm sin. Chun an latha an-diugh, bidh sliochd nan daoine sin a' tilleadh dhan sgìre gus am faic iad na h-àiteachan san robh an sinnsearan uaireigin.

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Parts I and II and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

Pàirt I

Tha an taisbeanadh seo a' coimhead air beatha ann an Ceann an Inbhir san t-seachdamh linn deug. Bha faisg air sia mìle neach a' fuireach san sgìre anns an linn sin an coimeas ris a' chòig cheud a tha ann san latha an-diugh. 'S ann le Clann MhicLèoid a bha am fearann ged a bha na Caimbeulaich tric a' stri riutha. Nuair a thàinig thu a-steach an-diugh, 's dòcha gum faca tu an tobhta a tha làimh ris an taigh-tasgaidh. Bha i uair na caisteal agus na dachaigh do cheann-feadhna Clann MhicLèoid. 'S iomadh sabaid a ghabh àite timcheall air a' chaisteal sin.

Anns an t-seachdamh linn deug, bha muinntir na sgìre seo a' tighinn beò air na chuireadh iad san talamh, air an cuid bheathaichean 's air an iasg a ghlacadh iad. 'S e beatha chruaidh a bha aca agus bha an ìre bàis am measg an t-sluaigh glè àrd air sgàth gainnead bidh agus galairean marbhtach.

(10 seconds)

CEISTEAN

1. (a) Dè an linn ris a bheil an taisbeanadh seo a' buntainn?
an t-seachdamh linn deug, *no*
an t-ochdamh linn deug, *no*
an naoidheamh linn deug
(30 seconds)
- (b) Cia mheud neach a bha san sgìre an uair sin?
(30 seconds)
- (c) Cò bhitheadh a' sabaid anns an linn sin?
(30 seconds)
2. (a) Dè tha ri fhaicinn faisg air an taigh-tasgaidh?
(30 seconds)
- (b) Dè bha anns an rud sin o chionn fhada?
(30 seconds)
3. Dè bhitheadh daoine ag ithe aig an àm sin?
(30 seconds)
4. (a) Dè tha air a ràdh mu bheatha nan daoine?
(30 seconds)
- (b) Carson a bha mòran a' bàsachadh?
(30 seconds)

Pàirt II

Tha an dàrna taisbeanadh a tha seo a' sealltainn mar a thug na fuadaichean san naoidheamh linn deug buaidh air Ceann an Inbhir. Bha àireamh-sluaigh na sgìre air dùblachadh ann am beagan 's ceud bliadhna agus, dh'fheumadh am fearann a bhith air a roinn eadar barrachd 's barrachd dhaoine. Mar sin, bhiodh biadh gann a h-uile geamhradh.

Mu 1850, chualas naidheachd gun robh na mìltean ann an sgìrean eile den Ghàidhealtachd a' dol gu Ameireagaidh a Tuath a dh'fheuchainn ri beatha na b' fheàrr fhaighinn ann. Bha cuideachadh-airgid air a thoirt dhan t-sluaigh a bha deònach falbh. Anns an taisbeanadh seo, chì thu clàr le ainmean nan daoine a dh'fhalbh aig an àm sin. Chun an latha an-diugh, bidh sliochd nan daoine sin a' tilleadh dhan sgìre gus am faic iad na h-àiteachan san robh an sinnsearan uaireigin.

(10 seconds)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

5. Dè an rud a thug buaidh air Ceann an Inbhir?
(30 seconds)
6. (a) Carson a bha an sluagh gann de fhearann?
chaidh a ghoid bhuapa, *no*
bha barrachd dhaoine ann, *no*
bha an ceann-feadhna ga chleachdadh
(30 seconds)
- (b) Dè a' bhuaidh a bha aig a seo?
(30 seconds)
7. Càite an robh mòran Ghàidheil a' dol?
(30 seconds)
8. Dè chithear anns an taisbeanadh seo?
(30 seconds)
9. Cò bhitheas a' tighinn gu Ceann an Inbhir?
(30 seconds)

Passage B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)

EARRANN B

Tha fiosrachadh mun treas taisbeanadh ann an *Taigh-tasgaidh Ceann an Inbhir a-nise ri chluinntinn*:

Tha an taisbeanadh seo a' sealltainn mar a tha beatha dhaoine ann an Ceann an Inbhir an-diugh an taca ri mar a bha i anns na linntean a dh'fhalbh. 'S e an t-atharrachadh as motha a chithear gu bheil an sluagh anns an latha an-diugh gu math nas fheàrr dheth na b' àbhaist dhaibh a bhith. Chì sinn seo gu follaiseach le na tha de thaighean spaideil gan togail gach bliadhna. Tha an cosnadh a th' aig an t-sluagh air atharrachadh cuideachd. Chan fhaicear ach glè bheag de dh'obair thraidiseanta an-diugh agus chan eil mòran dhaoine ri croitearachd.

'S e turasachd an obair as motha a tha ann an-diugh. Tha sin a' tàladh airgid a-steach dhan eaconamaidh ionadail agus tha an sgìre a' cur thairis le luchd-turais fad na bliadhna. Thig gu leòr dhan sgìre airson faighinn air falbh bho an obair làitheil agus bho chabhag nam bailtean mòra.

Aocoltach ri iomadh àite sa Ghàidhealtachd, tha àireamh-sluaigh Ceann an Inbhir a-nise a' sìor dhol suas. Tha nas lugha de dh'òigridh a-nise a' gluasad gu na bailtean mòra oir tha colaiste air fosgladh san sgìre agus tha cuideachd barrachd chothroman obrach ann dhaibh nuair a cheumnaicheas iad.

Ged a dh'fhuiling a' Ghàidhlig gu mòr ri linn nam fuadaichean 's eile, tha barrachd a' bruidhinn a' chànain san sgìre na bha fichead bliadhna air ais. Tha sin a chionn gu bheil an sgoil Ghàidhlig a' dol bho neart gu neart agus a chionn gu bheil pàipear-naidheachd Gàidhlig anns an sgìre.

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]